



# BEAIRTEAS

## Seisean 3

Dolina NicllFhinnein  
& Iain Mac 'Ille Mhìcheil



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot



# Iain Mac 'Ille Mhìcheil

## John Carmichael

Mar aon de na guthan as aithnichte agus as tlachdmhoire ann an saoghal rèidio na Gàidhlig, tha dreuchd inntinneach agus follaiseach air a bhith aig Iain Mac 'Ille Mhìcheil, fad 45 bliadhna. Às dèidh obair a thòiseachadh le BBC Radio Scotland aig deireadh na 1970an, thàinig e gu bhith na phreasantair beò gu cunbhalach air rèidio, telebhisean, air an àrd-ùrlair agus air feadh nam meadhanan Gàidhlig – ann an Alba agus thall-thairis. Ged a rugadh e ann an Ìle ann an 1955, tha e a-nis air beatha a thogail dha fhèin ann an Glaschu, ach tha e daingeann mu bhith a' cumail Gàidhlig nan Ìleach beò.

Mar sgrìobhadair, preasantair, riochdaire agus fear an taighe tha iarrtas mòr air aig a' BhBC, STV, am measg riochdairean neo-eisimeileach, agus aig fèisean ann an saoghal nan ealain – ach cha do chailleadh riamh an t-lachd a gheibh e bho bhith a' craoladh beò air an rèidio. Bhon a thòisich e air a bhith ag obair air a cheann fhèin a-rithist ann an 2000, tha Iain air a bhith ri chluinntinn am broinn dachaighean nan Gàidheal fad iomadh bliadhna tron rèidio, gu h-àraid le ceòl beò agus prògraman còmhraidh a bhios a' tarraing luchd-èisteachd dileas bho air feadh an t-saoghail. Tha am program a bhios e a' libhrigeadh air oidhche Haoine, "Mac 'ille Mhìcheil", ainmeil airson a' chiùil dhùthchail a bhios a' nochdach air, cuide ris na h-aoghean sònraichte agus àraid, agus an dòigh-libhrigidh èibhinn, blàth agus ùghdarrasail a th' aig Iain fhèin a tha air fhàgail mar phearsa rèidio ionmhainn.



*One of the most recognised and popular voices in Scottish Gaelic radio, John Carmichael has enjoyed a varied and high profile 45-year career in broadcasting. Having begun working with BBC Radio Scotland in the late '70s, he became a regular live presenter and quickly diversified to television, stage presenting and other areas of the Gaelic and mainstream media – in Scotland and overseas. Born in Islay in 1955, he has now made his home in Glasgow, but continues to keep ensure the Islay dialect is heard throughout the Gaelic world.*

*As a writer, presenter, producer and compère he remains very much in demand at the BBC, STV, within the independent production sector, and on the arts and music festivals' circuit – but has never relinquished his great passion for live radio. Since the relaunch of a very busy freelance career in 2000, John has retained a regular presence on BBC Radio nan Gaidheal, his stock-in-trade being live music and chat-based programmes that continue to draw a loyal, worldwide fan base. His Friday night show, "Mac 'ille Mhìcheil" is recognised for always delivering unique and original playlists, an often surprisingly diverse range of guests– and the consistently witty, warm, and authoritative presentational style that has made John such a cherished radio personality.*



# Dolina NicIllFhinnein

## *Dolina MacIannan*



Is e seinneadair, cleasaiche, sgrìobhadair, craoladair agus neach-iomairt cultarail agus poiliteagach a th' ann an Dolina NicIllFhinnein, a rugadh ann am Marbhaig, sgìre nan Loch, Eilean Leòdhais ann an 1938. Às dèidh dhi Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh fhàgail, thog i oirre a Dhùn Èideann ann an 1958 gus ceum a thoirt a-mach ann an teiripe dhreuchdail, ach cha robh fada gus an tug i buaidh air luchd-còmhnaidh a' bhaile mhòr nuair a ghabh i òran Gàidhlig aig pàrtaidh an sin aon oidhche. Aig an aon phàrtaidh, thachair i ri Stiùbhart MacGriogair agus Seumas Mòr MacEanruig. Thuir MacEanruig, a thàinig gu bhith na dheagh charaid dhi fad a bheatha, gun robh cuimhne aige air a' bhan-eileanach neoichiontach a bha seo a nochd ann an Dùn Èideann "mar bhana-bhuachaille, a' tarraing na h-òrain priseil, aosmhor seo às a dèidh."

Fhuair Dolina, no Doli, a ciad obair mar chleasaiche TBh aig toiseach na 1970an le Beagan Gàidhlig, a' chiad sreath telebhisean do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Air sgath a' phrògram seo, ge-tà, rinn i an gnothach air pàirt fhaighinn ann an taisbeanadh Scottish Ballet air an robh An Clò Mòr, agus anns a' chiad chuairt de The Cheviot, the Stag and the Black, Black Oil. Sgrìobh i cuideachd na 54 eapasodan i fhèin do shiaban rèidio sa Ghàidhlig, Na Moireasdanaich. Tha i air cleasachd cuide ri companaidh tèatar na Gàidhlig, Tosg, Bùth-obrach Tèatair Dhùn Èideann, Traverse agus Young Lyceum, ach aithnichidh mòran i bhon t-siabainn Gàidhlig Machair, a bha air STV bho 1992 gu 1998, agus bho shreathan a leithid Hamish Macbeth agus Two Thousand Acres of Sky. Tha i cuideachd air nochdadh ann am fiolmaichean a leithid an fhiolm Gàidhlig Seachd: The Inaccessible Pinnacle, The Legend of Barney Thomson agus The Queen.

Choisinn i Duais Mac Fhleisteir Saltoun bho Chomann Chrann na h-Alba ann an 2012, agus ann an 2014 nochd leabhar de a cuimhneachan air an robh "Dolina: An Island Girl's Journey". Ann an 2016 fhuair i dotaireachd urramach bho Oilthigh Dhùn Èideann, agus chun an latha an-diugh tha Dolina NicIllFhinnein ag obair gun sguir do bheairteas cultar na h-Alba, gu h-àraid cainnt agus òrain na Gàidhlig.

*Dolina MacIannan is a singer, actress, writer, broadcaster and cultural and political campaigner, born in Marvig in the Lochs area of Lewis in 1938. After completing her education at the Nicolson Institute in Stornoway, she left for Edinburgh in 1958 to study occupational therapy, and quickly created quite a sensation when she performed a Gaelic song at a party in the capital one night. At that same party, she met Stuart MacGregor and Hamish Henderson. Henderson, who became a lifelong friend, would later recall the wide-eyed island girl arriving in Edinburgh "like a shepherdess, trailing these songs of gold from ancient times".*



*Doli's first TV acting role came at the beginning of the 1970s with Beagan Gàidhlig, the first ever Gaelic learning series on television. Through this role, however, in 1972 she gained a pivotal role in a Scottish Ballet production, An Clò Mòr and in the original tour of The Cheviot, the Stag and the Black, Black Oil. She also wrote all 54 episodes of the first Gaelic radio soap, Na Moireasdanaich (The Morrisons). She went on to act with the likes of Tosg Gaelic Theatre Company and Edinburgh's Theatre Workshop, Traverse and Young Lyceum, but many will recognise her from the long-running Gaelic TV soap Machair which ran on STV from 1992 to 1998, and from series such as Hamish Macbeth and Two Thousand Acres of Sky. Her big-screen credits have included the acclaimed Gaelic film Seachd: The Inaccessible Pinnacle, The Legend of Barney Thomson and The Queen.*

*She received the Saltire Society's Fletcher of Saltoun Award in 2012, and in 2014 she released her memoir titled "Dolina: An Island Girl's Journey". 2016 saw her presented with an honorary doctorate by Edinburgh University, and Dolina MacIannan continues to work tirelessly today for the enrichment of Scottish culture and particularly of her native Gaelic language and song.*